

An Comunn Gàidhealach

Samhain / November 2013



Teachdaireachd bhon Àrd-oifigear

"Cha bu chòir dichuimhneachadh gur e An Comunn Gàidhealach, tro na Mòdan Nàiseanta is Ionadail, a chum an lasair beò fad iomadh bliadhna nuair nach robh ùidh aig mòran sam bith eile ann"

Seo na thuirt Alasdair Mac IlleMhicheil, Rùnaire na h-Alba, agus e a' toirt seachad nan duaisean aig farpais an Aigealan Airgid aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann am Pàislig.

Dh'fhaodadh na thuirt e a bhith na chuimhneachan pearsanta air Tòmas Mitchell nach maireann, a chaochail air an 17mh den t-Samhain. B'e searbhant dileas is dìchealach a bh'ann an Tòmas dhan Chomunn Ghàidhealach, na Mòdan Ionadail agus na Mòdan Nàiseanta. Bha e fhèin a' cur gu mòr ri bhith cumail lasair na Gàidhlig beò fad a bheatha agus tha e na theisteanas mhìorbhailleach air cho dìleas 's a bha e's gun fhrìtheal e am Mòd Nàiseanta Rìoghail fad 47 bliadhna as dèidh a chèile. Bha e na urram dhuinn uile eòlas fhaighinn air Tòmas agus bidh sinn ga ionndrainn san àm ri teachd. Tha co-fhaireachdann a' dol gu Rae, a bhantrach aige agus an teaghach aig an àm duilich tha seo.

Chur am Mòd Nàiseanta Rìoghail làraich ùr am-bliadhna. Mar dhachaigh ùr, cha robh Pàislig idir na bhriseadh-dùil. Bha na tallaichean agus na goireasan air leth agus bha sin ri fhaicinn anns an rannsachadh a rinn sinn air a' Mhòd le barrachd dhaoine ag ràdh gun robh cùisean "nas fheàrr na bha dùil" nuair a chaidh a' cheist sin a chur orra. Bha e na bhrosnachadh cuideachd fhaicinn gun robh an àireamh dhaoine a thàinig chun a' Mhòd airson a' chìad uair an àirdé gu mòr. Mar a bha sinn a' sùileachadh, chunnaic sinn barrachd dhaoine a' tadhal airson an là le na h-àireamhan san farsaingeachd nas àirde na 8,000 son a' chìad uair bho 2009. Bha ùidh mhòr aig na meadhanan ann am bliadhna le farsaingeachd a chaidh thairis 9 millean luchd-leughaidh.

As dèidh ùine ghoirid a sgioblachadh as deidh Mod 2013, tilidh air n-aire gu Mòdan 2014, Ionadail is Nàiseanta. San dealachadh, bu mhath leum taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a thug taic agus a chuidich ar cànan, ceòl is cultar na Gàidhlig a thaisbeanadh gu luchd-amhairc farsaing gach cuid gu nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Mòran taing

Message from the Chief Executive

"It should not be forgotten that for many years it was An Comunn Gàidhealach and the Provincial and National Mòds that shouldered the burden of keeping the flame alive when not many other people were interested"

Alastair Carmichael MP, Secretary of State for Scotland, made this observation during the prize-giving ceremony for the Silver Pendant at the Royal National Mod in Paisley.

These general sentiments could be a personal tribute to the late Tom Mitchell who passed away on 17 November 2013. Tom was a loyal and faithful servant to An Comunn Gàidhealach, to the provincial Mòds and to the Royal National Mòd. He contributed steadfastly to keeping the Gaelic flame alive over his lifetime and his 47 years of continuous attendance at the Royal National Mòd is a testimony to his qualities of loyalty to the cause. We are all privileged to have known Tom and we shall all miss his presence in the future. Our sympathies are extended to his widow Rae and the wider family at this difficult time.

The Royal National Mòd ventured into new territory this year. Paisley as the new host venue did not disappoint. The Halls and Venues were a delight and that was reflected in the Mòd survey with an increase in the response to the "well above expectation" category for this particular question. It is also encouraging to see a considerable rise in the number of "first-time" Mòd visitors this year. As expected, we saw a significant increase in day visitors to the event with the overall attendance numbers going through the 8,000 barrier for the first time since 2009. Press and media interest this year was extremely high with a combined media reach that exceeded 9 million readers.

After a short period to allow us to fulfil our various obligations and to pay suppliers to Mòd 2013 we shall re-focus on the 2014 national and Provincial Mòds. In closing, I should like to thank everyone for the help that we received which assisted us to showcase our Gaelic language, music and culture to such a wide national, and international, audience.

Thank you.



An Comunn Gàidhealach



Tom Mitchell

Le bàs Tòmas Mitchell chaill sinn sàr Ghàidheal agus bidh eòlaich anns gach àite a' cuimhneachadh air fior dhuine gasta. Bha e iriosal na ghiùlain ach daingeann na dhìlseachd dha theaghlaich agus dha charaidean, agus cuideachd dhan Ghàidhlig is a dualchas.

Born in Govan in 1933 Tom's early life experience was of Glasgow but when World War 2 was declared on 3rd September 1939 Tom was shipped off to his grandmother in Tarscabhaig, and later to live with an uncle and aunt in Achadh na Cloiche. "Chaidh an cogadh a ghairm Latha na Sàbaid, is bha mise air falbh dhan Eilean Sgitheanach Diluain!" Tom spent the following five and a half years in Skye attending Tocabhaig Primary School and mastering the Gaelic language which he used with such pride for the rest of his life.

Returning to Glasgow after the War Tom completed his schooling and found employment in the print industry, and after a few years he was a lino-type operator working for the Daily Express in Glasgow.

Tom was a keen dancer and it was at Govan Town Hall that he met his future wife and soul-mate Rachel, and they were apparently exceptional dancers. Tom and Rachel married in 1955 and 3 days later Tom departed for national service, training initially with the Camerons in Lanark and then with the Royal Scots Fusiliers at Edinburgh, and from there to Penang Island in Malaya where he became a specialist dog-handler trailing terrorists. Rachel wrote to Tom every day of his national service and he kept and treasured these letters.

Following national service Tom resumed his work with the Daily Express until production of the paper was relocated to Manchester in 1974. Tom was a member of the workers cooperative involved in the unsuccessful venture to launch the Scottish Daily News in 1975.

Having lost his newspaper job Tom joined the ambulance service and trained as a paramedic, and as with everything he did Tom was a caring and dedicated ambulance man who received many commendations over his 27 years service, delivering many babies and supporting hundreds of families in very difficult situations.

Tom and Rachel were a treasured double-act assisting at Provincial Mods and at 47 consecutive Royal National Mods up to the Dunoon event in 2012. In March this year An Comunn Gàidhealach rightly recognised this extraordinary voluntary commitment by presenting Tom and Rachel with specially commissioned gold medals in appreciation of their work. "Fhuair mise bonn-òr gun facal a sheinn!!" (I got a Gold Medal without singing a note!) Tom jokingly said in a recent radio programme!

Tom Mitchell was a very special person. The kind of friend everybody needs but that not everyone is fortunate enough to find. He was quietly unassuming, but strong and intensely loyal to his family and friends, and to his language and culture. Tom will be remembered for his consistently smart appearance, his unfailing courtesy and friendly smile, and his firm handshake. His son and daughter acknowledge their good fortune to have had a father who was always there when they needed him, and who supported them in whatever they wanted to do.

Tom's many friends and acquaintances will be thinking fondly of Rachel, his wife of 57 years, and their family as they face the future without him.

Sàr Ghàidheal da-rìribh, agus bidh sinn ga ionndrainn.

AC



An Comunn Gàidhealach



Mod 2017 a' Tilleadh a Loch Abar

Chaidh ainmeachadh aig coinneamh nam meadhanan aig Mòd Phaislig, gum bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tilleadh a Loch Abar ann an 2017.

Chaidh am Mòd a chumail sa' bhaile mu dheireadh ann an 2007 mar sin tha sinn toilichte gum bidh sinn a' tilleadh ann an ceann deich bliadhna.

Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhan a' Chomataidh Ionadail leis na h-ullachaidhean aca agus tha sinn a' coimhead air adhart ri tilleadh a Loch Abar ann an 2017.

Farpaisean Còisir Aois 13-18

Tha atharrachadh ann an cruth farpaisean nan còisirean òigridh, aos 13-18, am bliadhna.

Thèid farpaisean nam fileantaich agus farpaisean nan luchd-ionnsachaidh a chur còmhla agus farpaisean fhosgailte a chumail airson an dà roinn seo.

Mar sin, 's e òrain airson farpaisean C110, C111 & C112 a dh' fheumar ionnsachadh airson an dà chuid, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh.

Cuirear às de dh' fhardpaisean C113, C114 & C115 bho seo a-mach.

Earrannan Ainmichte 2014

Tha leabhrachean Ciùil / Beul-aithis airson Mòd na h-ath bhliadhna a-nis rin ceannachd. Ma tha sibh airson feadhainn ordachadh, cuiribh fòn air 01463 709 705 no post-d gu info@ancomunn.co.uk.

'S urrainnear a-nis na h-òrain / pìosan airson farpaisean òigridh agus inbheach a cheannachd tron làrach-lìn againn:

<http://www.ancomunn.co.uk/store/index.php? a=viewCat&atId=2>

Airson pìosan Sibelius airson nan Còisirean, cuiribh fios gu Seumas Greumach:
james@ancomunn.co.uk

Lochaber Unveiled as 2017 Mod Host

During a Mod press conference in Paisley, it was announced that the Royal National Mod will return to Lochaber in 2017

The last time the Mod visited the town was in 2007, therefore we are looking forward to returning after a ten year gap.

We would like to wish the Local Organising Committee all the best with their plans and look forward to returning to Fort William in four years time.

Change to 13-18 Choral Competitions

There is a change in the format of junior choral competitions aged 13-18 this year.

The fluent and learners' competitions will now be merged into one set of open competitions for the two age groups.

Therefore, choirs should learn the songs prescribed for C110, C111 & C112.

Competitions C113, C114 & C115 are now obsolete.

Prescribed Pieces for Mod 2014

You can now buy the prescribed Music / Poetry books for next year's Royal National Mod. To order, telephone 01463 709 705 or email info@ancomunn.co.uk.

You can also purchase and download individual junior and senior pieces via our online store:
<http://www.ancomunn.co.uk/store/index.php? a=viewCat&catId=2>

Choral Sibelius pieces can be purchased by contacting James Graham:
james@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach



A' dèanaibh slighe air Inbhir Nis!

As dèidh Mòd shoirbheachail ann am Pàislig, tha cùisean a-nise a' fàis nas trainge ann an Inbhir Nis, agus Comataidh Ionadail Mòd 2014 ag ullachad airson fàilte a chur air a' Mhòd dhan bhaile aca ann an 2014.

Tha an Comataidh gu bhith trang anns na mìosan a tha romhainn a' cuir air dòigh tachartasan airson airgead a thogail agus airson am Mòd a thaisbeanadh air a' Ghàidhealtachd.

Cumaibh sùil air làrach lin, cuairt-litir agus duilleag Facebook a' Chomuinn airson fiosrachadh mu na tachartasan aca.
Ma tha sibh airson cuideachadh, cuiribh fios gu:

Tormod MacAoidh
Cathraiche Meur Inbhir Nis
Fòn 01463 791361
Fòn-làimhe . 07777632585
Post-d: norrie.mackay@btinternet.com



Mòd Inbhir Nis 10-18 Dàmhair 2014

Next Stop, Inverness!

Following a highly successful and enjoyable Mod in Paisley, preparations are now stepping up a gear in Inverness as the Local Organising Committee prepares to welcome the Mod to the city in 2014.

With under a year to go now, the Committee will be arranging a host of events to fundraise and promote the Mod in the Highlands.

Keep an eye out on our website, facebook page and future newsletter issues for details of some of their upcoming events.

For further information or to get involved, contact:

Norman Mackay
Inverness Branch Chairperson
Tel 01463 791361
Mob. 07777632585
E-Mail: norrie.mackay@btinternet.com



Mòd Inbhir Nis 10-18 Dàmhair 2014

Club 400 Inbhir Nis

£250 - Audrey Barnett, Inbhir Nis

£100 - Heather Chaimbeul, Inbhir Nis

£50 - Carol NicAoidh, Caol Loch Aillse

Ma tha sibh airson pàirt a ghabhail ann an Club 400 Inbhir Nis, cuiribh fios gu Domhnall Macleòid:
To join the 400 Club, contact Donald Macleod:

donald@macleod668.orangehome.co.uk

<https://www.facebook.com/meur.nis>

Badenoch & Strathspey Music Festival



15 - 27 Màrt / March 2014

Farpaisean Òigridh & Inbheach
Junior & Senior Competitions

Ceann-là ùr airson foirmean!!
New closing date for entries!! [Friday 6th December](#)

Gheibhearr clàr-eagair & foirmean aig:
Download the syllabus & entry form here:
<http://www.strathfest.com/>

Contact: strathfest@gmail.com

An Comunn Gàidhealach



Deasbad BT Alba 2013

An-dèidh a' Phàipear Geal a bhith air fhoillseachadh aig Pàrlamaid na h-Alba an-dè bha an àite air bhoil a-nochd a-rinist agus a' chuaireadadh de Dheasbad BT Alba 2013 a' gabhair a' gabhair ann an Seòmar Comataidh 1. B' iad na sgiobaidhean a bha a' gabhair pàirt, Sgoil Ghàidhlig Ghlacach agus Sgoil Lionacleit à Beinn na Faoghla agus 's ann a' beachdachadh air a' chuspair gur e an Reifreann an tachartas as cudromaiche anns a' bhliadhna a tha romhainn do dh' òigridh Alba a bha na caileagan.

Airson a' mholaidh bha Moilidh NicGriogair agus Sarah NicDhòmhnaill à Sgoil Ghàidhlig Għlaschu agus an aghaidh a' mholaidh bha Joanne agus Ceitidh Nicllinnein à Sgoil Lionacleit. Gu dearbha bha là trang dha rìreabh aig an dà sgioba is iad ag ullachadh mu choinneamh farpais a tha air a bhith ruith bho 1999. Bha obair chruaidh mu choinneamh na britheamhan, Raonaid Nic a' Phearsain, Jo NicDhòmhnaill agus Iain Moireasdan. Ach chaidh an oidhche gu clann nighean Għlaschu agus gu dearbha bidh iadsan air an dòigh glan a' dol tarsaing an M8 a-nochd fhastast.

Bha cuideachd an Duais airson an Òraidiche as Fhèarr ri thoir seachad agus's e Moilidh NicGriogair à Sgoil Ghàidhlig Ghlacshu a ghlèidh an sgiath air a' bhliadhna seo. A toirt seachad an duais bha Michael MacNeill, Àrd Neach Naidheachd Poilitigeach aig BBC Radio nan Gàidheal agus BBC ALBA.



*Sarah NicDòmhnaill & Moilidh NcGriogair
à Sgoil Ghàidhlig Għlaschu a għleidh duais
Deasbad BT Alba 2013 - mealaibh ur
naidheachd!*



BT Scotland Gaelic Debate 2013

Following on from the publication of the White Paper yesterday at the Scottish Parliament the excitement continued at the building this evening as the final of the 2013 BT Scotland Gaelic Debate took place in Committee Room One. The teams taking part in this year's final were Glasgow Gaelic School and Lionacleit School from Benbecula and appropriately they were debating the topic that the Referendum is the most important event happening in the lives of Scotland's young people in the coming year.

Debating for the motion were Glasgow's Molly MacGregor and Sarah MacDonald and against the motion were sisters, Joanne and Katie MacLennan of Lionacleit School. Both teams certainly had a busy day preparing ahead of the prestigious competition which began in 1999. Judges Rachel MacPherson, Jo MacDonald and John Morrison had a difficult task in reaching a decision as both teams were very strong. However, the night went with Glasgow Gaelic School, making this the first time they have clinched the competition. They will certainly be in good spirits heading back across the M8 this evening.

Also up for grabs was the Best Speaker award and this year's recipient was Molly MacGregor from Glasgow Gaelic School. Molly was presented with the award by Michael MacNeil, Senior Political Correspondent at BBC Radio nan Gàidheal and BBC Alba.



*Cuid de na sgiobaidhean a
ghabh páirt aig Deasbad
BT Alba 2013.*



Sarah & Moilidh còmhla ri riochdairean bho BT Alba.

An Comunn Gàidhealach



Celebrating 40 years at the Sabhal Mòr Ostaig Ball

Thàinig iomadach duine le ceangal ri Sabhal Mòr Ostaig, bho shean agus san latha an-diugh cruinn còmhla bho chionn ghoirid gus comharrachadh mar a tha 40 bliadhna ann bho chaidh an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig a stèidheachadh.

Chaidh Dannsa an t-Sabhal agus sàr dhùnnear a chumail san Taigh-òsta Grosvenor ann an Glaschu, agus bha Micheal Ruiseal BPA, Rùnaire an Fhoghlaim ann mar an t-aoigh urramach air an oidhche.

A' bruidhinn às dèidh làimhe, thuirt Ministear an Fhoghlaim Micheal Ruiseal: "B' e oidhche a bha seo far an robh sinn a' dèanamh gàirdeachas. Ann an 1973, chuir Sir Iain Noble agus a chìad urrasairean na bha san amharc dhaibh airson Colaiste Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach an cèill. Tha tòrr dhaoine air togail air an lèirsinn a bh' aca bhon uair sin, agus bu chòir moladh a dhèanamh air gach neach a bh' ann. Dà fhichead bliadhna bhon uair sin, tha sinn uile a' faicinn nam buannachdan is toraidhean a thàinig às an lèirsinn sin, an dealas a nochdadh agus an t-saothair a rinneadh.

"Tha e air a bhith na urram dhòmhsa gu bheil dlùth cheangal air a bhith agam ris a' Cholaiste thar iomadh bliadhna agus gun deach iarraidh orm bruidhinn aig tachartas a tha cho cudromach. 'S e sgeulachd iongantach a th' ann an soirbheachadh Sabhal Mòr Ostaig, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri iomadach bliadhna eile far am bi a' Cholaiste a' soirbheachadh."

Thuirt Donaidh Rothach, An Stiùiriche aig Sabhal Mòr Ostaig airson Leasachaidh, Tional-airgid agus nan Ealain: "Bha oidhche air leth againn còmhla ri ar caraidean agus luchd-taice, a tha air tòrr a dhèanamh thar nam bliadhnaichean gus cur ri soirbheachadh an t-Sabhal. Bha e gu math iomchaidh gun robh cruinneachadh mar seo againn, thoradh tha e a' sealltainn cho cudromach agus a tha com-pàirteachasan cruthachail agus innleachdail do leasachaidhean, mar SMO, a thèid a thogail air stèidh sheasmhach, agus cho cudromach agus a tha an taic a tha sinn air fhaighinn bho iomadach duine agus buidheann. Tha Sabhal Mòr Ostaig glè fhortanach gu bheil luchd-taice agus luchd-compàirt againn mar a tha th' againn agus chomharrach an oidhche sin ann an dòigh gu math freagarrach."

Bha Kirsteen NicDòmhnaill bho BBC ALBA a' cumail stiùir air gnothaichean mar bhean-an-taighe agus a bharrachd air òraid bho Mgr Ruiseal bha pailteas ciùil ri chluinntinn bhon chòmhlan aig Joy Dunlop, an sàr fhìdhlear Magaidh NicÀdhaimh agus an còmhlan cèilidh aig Iain MacIleMhìcheil.

Chaidh crannchar sònraichte a dhèanamh cuideachd air an oidhche, le duaisean air leth. Am measg nan duaisean a fhuair daoine bha, Lòn airson ceathrar còmhla ris a' Phrìomh Mhinistear Ailig Salmond BPA agus tiogaidean do cheistean a' Phrìomh Mhinisteir, Aoigheachd is tiogaidean do dhithis aig Pàirc Celtic, agus aoigheachd agus dìnnear aig feadhainn de na taighean-òsta as feàrr air a' Ghàidhealtachd leithid na Three Chimneys, Taigh-òsta Loidse Cheann Loch, Taigh-òsta Dhùisdeil, am Macdonald Aviemore Resort, an Taigh-òsta Bosville agus an Taigh-òsta Cuillin Hills ann am Port Rìgh, agus gu leòr eile.

A' Comharrachadh 40 bliadhna aig Dannsa an t-Sabhal

Hundreds of friends of Sabhal Mòr Ostaig, past and present, gathered to celebrate 40 years of Scotland's Gaelic College at the Sabhal Mòr Ostaig Ball earlier this month.

The Ball and Gala dinner were held in Glasgow's Grosvenor Hotel where Education Secretary Michael Russell MSP was the Guest of Honour on the night.

Speaking afterwards, Education Secretary Michael Russell said: "This was a night to celebrate. In 1973, Sir Iain Noble and his original trustees set down a vision for a Gaelic college in Skye. Many have shared that vision since then and all should be commended. Forty years later we can all see the benefits and successful results of that hope, commitment and hard work.

"For me, it is an honour to have had close links with the College over many years and now to be asked to be guest speaker at such an important celebration. Sabhal Mòr Ostaig is a remarkable achievement and we all look forward to many more achievements at the College in the years to come."

Sabhal Mòr Ostaig's Director of Development, Fundraising and the Arts, Donnie Munro, said: "This was a wonderful evening of entertainment in the company of our friends and supporters many of whom have played a great part in Sabhal Mòr Ostaig's development over the years. This was a very fitting expression of the degree to which all sustainable development relies heavily on developing creative and innovative partnerships and a wide network of support. Sabhal Mòr is extremely fortunate to have enjoyed such widespread support and partnership and the evening celebrated that in a very appropriate manner."

BBC ALBA and BBC Scotland's Kirsteen Macdonald was the compere for the evening's proceedings and in addition to Mr Russell's speech, there was music from the Joy Dunlop Band, Scottish Fiddle Champion Maggie Adamson and the John Carmichael Dance Band.

One of the highlights of the evening was a special anniversary prize draw which featured a host of top prizes. They included: Lunch for four with the First Minister Alex Salmond MSP and tickets to the First Minister's Questions, hospitality and tickets for two for Celtic Park, and hospitality and dining at some of the Highland's premier hotels and restaurants, including the Three Chimneys, Kinloch Lodge Hotel, Duisdale Hotel, the Macdonald Aviemore Resort, and the Bosville and Cuillin Hills Hotels in Portree.

(Continued on next page)

An Comunn Gàidhealach



Celebrating 40 years at the Sabhal Mòr Ostaig Ball

A rèir Prionnsapal an t-Sabhal, an t-Ollamh Boyd Robasdhan: "Bha e na thoileachas dhà-rìribh còrr math is dà cheud neach fhaicinn aig an dinnear Oidhche Shathairne a' cur an cèill an spèis is an deagh-ghean dhan Cholaiste. Bha mòran dhe na bha an làthair air a bhith dlùth cho-cheangailte gu pearsanta no gu proifeiseanta ris an t-Sabhal thairis air an 40mh bliadhna agus bha mòran a' riochdachadh bhuidhnean is chompanaidhean is ionadan-foghlaim a tha an sàs leis a' cholaiste anns am pròiseactan foghlaim, ealain is leasachadh sòisealta is eaconomaigich.

"Bha e iomchaidh gun robh Kirsteen NicDhòmhnaill agus Joy Dunlop, dithis a bha nan oilleanaich aig an t-Sabhal, agus a tha nan tosgairean cho èifeachdach dhan Ghàidhlig, a' gabhail páirt sa chuirn agus bha e air leth freagarrach gur e Micheal Ruiseal, Ministear an Fhoghlaim agus Ball-Pàrlamaid Albannach Èarra-Ghàidheil, a thug seachad na prìomh òraidi bhon is e Earra Ghàidheal creathall na Gàidhlig an Alba agus gur ann dhan sgìre sin a bhuiineadh neach-stèidheachaidh an t-Sabhal, an Ridire Iain Noble."

Bha an Dannsa mar phàirt de shreath thachartasan a chaidh a chumail am-bliadhna gus 40mh ceann-bliadhna na colaiste a chomharrachadh, agus am measg nan cuirmean sònraichte a chaidh a chumail mu thràth bha Fàilteachadh aig Lùchairt Holyrood air aoigheachd Phrionnsa Theàrlaich agus Fàilteachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Celebrating 40 years at the Sabhal Mòr Ostaig Ball (Contd.)

Sabhal Mòr Ostaig's Principal, Professor Boyd Robertson, said: "It was wonderful that well over 200 people attended the dinner on Saturday evening and demonstrated their regard for, and goodwill towards, the College. Many of those present had close personal or professional ties with Sabhal Mòr over the past 40 years and many represented agencies, companies and institutions that are engaged with the College in projects in the fields of education, the arts and social and economic development.

"It was fitting that Kirsteen MacDonald and Joy Dunlop, two former students of Sabhal Mòr who are such winsome ambassadors for Gaelic, took leading roles in the after-dinner entertainment and it was highly appropriate that Michael Russell, Cabinet Secretary for Education and MSP for Argyll delivered the main address, Argyll being the cradle of Gaelic in Scotland and the home county of Sir Iain Noble, founder of Sabhal Mòr."

The Ball was part of a series of ongoing events which have been staged in 2013 to mark the 40th anniversary of the College, and previous events included a Royal Reception at Holyrood Palace hosted by Prince Charles, The Duke of Rothesay, and a Reception held in the Scottish Parliament.



DUAISEAN NAN SGRÌOBHADAIREAN ÙRA 2014

GAELIC NEW WRITERS AWARDS

A bheil iudh agad do sgilean sgriobhaidh a leasachadh?

*Tha Duaisean nan Sgrìobhadairean Ùra 2014
a-nis fosgailte do thagraidhean*

- Dithis sgrìobhadair Gàidhlig ùr
- Taic-airgid luach £2,000
- Bùithean-obrach agus trèanadh proifeiseanta
- Stiùireadh bho sgrìobhadair stèidhichte
- Cothrom coinneachadh ri foillsichear/àidseant

Tha Duaisean 2014 fosgailte do sgrìobhadairean Gàidhlig de gach seòrsa (ficsean, bàrdachd, eachdraidh-beatha) air chùmhnant gu bheil thu stèidhichte ann an Alba agus *nach* robh leabhar agad ann an clò gu ruige seo.

Ma tha miann agad do chuid sgrìobhaidh a leasachadh gu ìre foillseachaidh, carson nach cuir thu a-steach airson an sgeama seo?

Tha tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-tagraidh ri fhaighinn air làrach-lìn Chomhairle nan Leabhraichean www.gaelicbooks.org

**Feumaidh tagraighean a bhith a-staigh
ro mheadhan-latha air Dihaoine 13 Dùblachd 2013**



DUAISEAN NAN SGRÌOBHADAIREAN ÙRA 2014

GAElic NEW WRITERS AWARDS

Are you interested in developing your Gaelic writing?

*The Gaelic New Writers Awards 2014
are now open for applications*

- Two new Gaelic writers
- Grant of £2,000 each
- Workshops and skills sessions
- Mentoring by an established author
- Opportunity to meet a publisher/agent

The 2014 Awards are open to Gaelic writers of every genre (fiction, poetry, biography) on condition that you are based in Scotland and have not previously had a book published.

If you have a desire to see your writing develop to publication level, why not submit an application?

*Further information and an application form are available from
The Gaelic Books Council's website www.gaelicbooks.org*

**Applications must be received by
12.00noon on Friday 13th December 2013**

An Comunn Gàidhealach



Duaisean Gàidhlig 2013

Chaidh Duaisean Gàidhlig na h-Alba a chumail air an 20mh den t-Samhain ann an Dùn Èidean.
‘Be Kirsteen NicDòmhnaill agus Alasdair Friseal, bho BBC Alba a bha a’ stiùireadh cùisean air an oidhche agus gheibhearr liosta gu h-iosal den fheadhainn a fhuair na duaisean.

Gaelic Awards 2013

The Scottish Gaelic Awards took place in Edinburgh on the 20th of November.
The hosts for the evening were Kirsteen Macdonald and Alasdair Fraser, from BBC Alba.
Below you will see a list of the award winners.

Luchd-buannachaidh Duaisean Gàidhlig 2013 / Winners of Scottish Gaelic Awards 2013

Sàr Dhuais na Gàidhlig / Best Contribution Award - **Beathag Mhoireasdan**
An Duais Spòrs / Sport Award - **Colm O'Rua**

An Duais airson Iomairt san Àite-obrach / Workplace Initiative Award - **Fiona Dunn - Glasgow University**
Tosgaire Òg na Bliadhna / Young Ambassador of the Year Award - **Alasdair MacPhee**
An Duais Ealaín is Chultarach / Arts & Culture Award - **The Campbells of Greepe**
An Duais Choimhearsnachd, Dualchais is Turasachd / Community, Heritage & Tourism Award - **Shawbost Community**

An Duais Eadar-nàiseanta / International Award - **Micheal Klevenhaus**

An Duais airson Innleachdas ann am Foghlam Gàidhlig / Innovation in Education Award - **Class 4/5 Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, recipe book**

Duais Luchd-ionnsachaidh / Learner Award - **Gàidhlig Dumgal**

An Duais airson Tachartas / Event Award - **Na Mo Chuid Aodaich (PNE)**

www.scottishgaelicawards.co.uk





LATHA MÒR NA GÀIDHLIG GAEPLIC DAY BUN SGOIL TAOBH NA PÀIRCE

30th November from 12-3pm

As part of our celebrations for the opening of the new school, please come along and get a taste of some of the fun activities available to young people going through Gaelic-medium education in Edinburgh!! We will have sessions on sport, music, drama and storytelling. Also available will be information on support materials and services for parents. Also, Gaelic taster sessions, a café and much, much more!

*Latha de spòrs gus coimhearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann, agus fosgladh na sgoile ùr a chomharrachadh.
Taisbeanaidhean bho bhuidhnean Gàidhlig, bùithtean-obrach, Café agus mòran a bharrachd!*



**Thoiribh leibh ionnstramaid!
Bring along your instruments!**

 **Later...**

In the evening we've organized a ceilidh with the HLI Ceilidh Band from 7.30 – 10.30pm. Tickets cost £5 and can be purchased during the day or on the door. BYOB

Sponsored by Bothan, Edinburgh's Gaelic night club
www.bothan.org

BUN SGOIL TAOBH NA PAIRCE

139b Bonnington Road,
Edinburgh, EH6 5NQ

For more information please email
moraqAmacdonald@hotmail.co.uk

STÀT NEO-EISIMEILEACH SONAIS

INDEPENDENT STATE OF HAPPINESS

IT'S A STATE OF MIND

Get into Gaelic!

Gaelic & Bilingual Workshops available in:

Circus Skills

Storytelling

Drama

Graffiti Art

Community Participative Street Theatre
& Spectacle and more!

Tailored workshop packages also
available for schools & weeklong events.

**"Stimulating and inspiring, kids
thoroughly enjoyed the experience!"**

- Sheena Monaghan,
Summer Fun Day Organiser

**"Fantastic experience, all of them
enjoyed it (and me too!)"**

- Seána Woods, Cairde Uí Néill



Animate & raise the profile of events through Gaelic & Bilingual Stilt Entertainment!

Workshop & stilt walkabout entertainment/promotion packages
also available for events & festivals throughout the year.

"Added a real extra sparkle to the event!"

- Gaelic Community Development & Learning Officer, Highland Council

E: arielkillickartist@gmail.com

T: 07570 043 745

www.independentstateofhappiness.com

An Comunn Gàidhealach



A' feuchainn ri cur ri buaidh bh' ur Mòid Ionadail?

'S e dòigh air leth math a th' ann an dràma agus ealain sràid airson a' Ghàidhlig a thoirt chun a' mhòr-shluagh, gus iomhaidh bh' ur Mòd Ionadail a leudachadh agus prògram ur tachartasan a chur air adhart ann an dòigh gu math beòthail, faicsinneach agus spòrsail.

Tha Ariel Killick air a bhith ag obair aig àrd-ìre mar neach-ealain sràide agus ag toirt seachd bùthan-obrach. Thèid aice air obrachadh còmhla ribh gus mothachadh a' choimhersnachd air tachartasan bh' ur Mòd a neartachadh, gus cur ri farsaingeachd ur tachartasan m.e. bùthan-obrach dà-chànanach ann an sgilean siorcais no ealain ghraifitì do chloinn is òigridh, mar a chaidh a thoirt seachad aig Mòd na Cloinne ann am Pàislig am bliadhna.

Gheibhearr cuideachd air Cafaidh Gàidhlig a thoirt a dh'ionnsaigh ur sgìre, far am bithear a' brosnachadh a' choimhersnachd gus beagan Gàidhlig ionnsachadh agus barrachd fhaighinn a-mach mu bh' ur tachartasan.

Tha grùnnnd charactaran eadar-dhealaichte aig Ariel cuideachd, a bhitheas freagarrach a thoirt gu tachartasan tron bhliadhna.

Carson nach tèid sibh gu
www.independentstateofhappiness.com

gus faighinn amach dè bha daoine eile a ràdh mu obair Ariel – agus gheibh sibh barrachd fiosrachaidh, dealbhan, bhidiothan & tuilleadh, no thèid agaibh air bruidhinn ri Ariel le fònadhl thuice air 075 700 43 745.



www.independentstateofhappiness.com

Looking to raise the profile of your Local Mòd events?

Gaelic and Bilingual street theatre and spectacle is a highly effective way of getting Gaelic out amongst the general public, raising your Mòd profile and promoting your events programme in a fun, eye-catching and lively way.

Ariel Killick is an award-winning & nominated performance artist & workshop facilitator, and is available to work with you to diversify and strengthen local awareness of your Mòd programme, add to your range of events such as bilingual circus skills and graffiti art workshops for young people, as utilised as part of this year's Childrens' Mod in Paisley, or bring the highly acclaimed street-side Pop Up Gaelic Café, serving up tasty Gaelic bites and encouraging locals to spend a few minutes learning Gaelic and finding out about your events as they go about their daily business.

Why not look at www.independentstateofhappiness.com to find out what others have said about Ariel's work, where you'll also find full information, images, videos and more, or phone Ariel directly on 075 700 43 745.

Ariel also has a range of stilt characters suitable for animating events right throughout the year, bilingually and in Gaelic, to sustain and continue to develop the image of Gaelic in your area as a lively, modern language that can and should be used in all aspects of Scottish life today.



An Comunn Gàidhealach



Oifigearan Leasachaidh Òigridh is Coimhearsnachd

STEÒRNABHAGH 'S AN SGÌRE MUN CUAIRT (0.5FTE)

NA HEARADH (0.5FTE)

LIONACLEIT (0.5FTE)

BARRAIGH (0.5FTE)

MUILE (0.5FTE)

GLASCHU (1.0FTE)

DÙN ÈIDEANN (1.0FTE)

(Tuarastal £22-24K pro-rata. Cumhnant airson bliadhna le cothrom sìneadh)

Tha Comunn na Gàidhlig a' sìreadh Oifigearan Leasachaidh Òigridh is Coimhearsnachd anns na sgìrean gu h-àrd. Thathas a' lorg luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig, eòlach air a bhith ag obair aig ìre coimhearsnachd, agus gu sònraichte obair òigridh, comasach air càirdeas a thogail leis an òigridh, comasach air a bhith ag obair le glè bheag de stiùireadh bho latha gu latha agus math air obair co-òrdanaiche agus a bhith a' bruidhinn ri buidhnean 's luchd-obrach aig iomadh ìre. Bidh làn chead draibhidh a dhìth sna sgìrean far am biodh sin riatanach.

Ann an com-pàirteachas le sgoiltean, bidh na h-oifigearan seo a' libhrigeadh,

a' cur air dòigh agus a' co-òrdanachadh phròiseactan a chruthaicheas cothroman Gàidhlig don òigridh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile. Bidh iad cuideachd ag obair còmhla ri roinnean leasachaidh eile, mar Sgioba

Tràth Bhliadhnaagan aig Bòrd na Gàidhlig is Comann nam Pàrant.

Sa chìad dol a-mach, 's e cùmhnan stèidhete airson bliadhna a bhios an seo ach, thathas dòchasach gum faighear an t-ionmhas a leigeas leinn an obair a shìneadh a-mach. Gheibhear Tuairisgeul Obrach agus tuilleadh fiosrachaидh, bho: Dòmhnull Mac Néill, Ceannard, Comunn na Gàidhlig, 5 Caolraig

Mhìcheil, Inbhir Nis, fòn 01463-234138, post-d oifis@cnag.org

Feumaidh iarrtasan a bhith againn ro 12.00 feasgair, Dìhaoine 6 Dùblachd.

Thathas an dùil gum bidh na h-oifigearan an dreuchd tràth sa bhliadhna'ùr agus le sin thathas an dùil gum bidh na h-agallamhan air an cumail na seachdainean a' tòiseachadh 9 Dùblachd is 16 Dùblachd 2013.

Tha na dreuchdan seo air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Earra-ghàidheal is Bhòid, Comhairle Baile Ghlaschu is Comhairle Baile Dhùn Èideann.

'S e compañaidh earranta le inbhe charthannais a th' ann an CnaG, àireamh charthannais SC007167.

Tha Comhairle nan Leabhrachean a' sìreadh

OIFIGEAR REIC IS MARGAIDEACHD

Làn-thìde

Tuarastal eadar £19,473 - £22,053

Gheibhear dealbh-obrach agus an tuilleadh fiosrachaيدh bho:

Rosemary Ward, Ceannard, Comhairle nan Leabhrachean
32 Sràid Achadh a' Mhansa
Glaschu G11 5QP
rosemary@gaelicbooks.org

Feumaidh iarrtasan a bhith againn air
Dìhaoine 13 Dùblachd 2013



"SIUTHAD, FEUCH E!"

A bheil ùidh agad ANN AN SGRIOBHADH GÀIDHLIG?
Uill, tha deagh chothrom aig Acair dhut...

Tha Acair a' sìreadh thagaidhean airson cruinneachadh ùr de sgeulachdan goirid ann an Gàidhlig a thèid fhoillseachadh mar phàirt den t-sreacht ùr ficsean, Aiteal.

Tha sinn airson cluinniann bho neach sam bith aig a bheil ùidh sa chruinneachadh ùr le sùil a' chìad dreachd a bhith againn ro dheireadh a Ghearrain 2014 agus le dòchas gun tèid an leabhar fhoillseachadh aig tachartas a dh'aona ghnothaich nas fhaide den bhliadhna.

Bu chòir do luchd sgrìobhaidh fios a chur sa chìad dol-a-mach gu info@acairbooks.com

An Comunn Gàidhealach



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: rena@ancomunn.co.uk

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiorsrachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

*If so, please forward any information to:
marina@ancomunn.co.uk
or telephone 01851 703 487.*

Tha cead aig a' Chomunn Gàidhealach càil sam bith a thèid a chur thuca airson a' chuairt-litir a dheasachadh ann an dòigh chothromach.

An Comunn Gàidhealach reserve the right to edit any materials submitted for inclusion in the newsletter.

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk 01851 703 487